

SAOGHAL NA CLOINNE BIGE



Taigh mo Ghranaidh

Aig taigh mo Ghranaidh
Tha 'n gàrradh làn spòrs
Ball-coise, ball-lìn
Ball-basgaid 's an còrr

Hillirinn iu o ro
Hillirinn à
Nach èist sibh ri Granaidh
Aig deireadh an latha

Aig taigh mo Ghranaidh
Tha leabaidh mhòr, bhlàth
Le plaide, bhog, dhathach
Is cluasag cho math

Aig taigh mo Ghranaidh
Tha fàilt' oirnn sa bhad
A' gàireachdainn còmhla
Fealla-dhà gun stad!

Faclan & fonn le Eilidh NicCoinnich.
Air a ghabhail le Emma NicLeòid.
Ceòl-taice le Barry Reid.
Guth clàraichte le Keith Moireasdan,
Wee Studio; ceòl-taice clàraichte le
Barry Reid, Rosecroft Studio.

